



Carson a tha cànanan cudromach?

Tha cànan cudromach ann am beatha làitheil dhaoine; tha e na inneal airson conaltradh, airson foghlam, agus airson **amalachadh** agus **leasachadh** sòisealta. Cuideachd, 's ann le cànan a tha **fèin-aithne**, eachdraidh chultarail, **dualchas** agus cuimhneachain gach neach air an gleidheil.

Dè an duilgheadas a tha ann?

A dh'aindeoin 's cho **luachmhòr** 's a tha cànan, tha cànanan air feadh an t-saoghail a' sior **dhol à bith** aig astar eagalach. Thuirt Fòram Maireannach nan Cànanan Dùthchasach - buidheann leis an UN - ann an 2016 gun robh 40%, no 2680, de chànanan an t-saoghail ann an cunnart **a dhol à bith**.

